

ALAN BEGG

23.5°

Tha cruthan snaighte 23.5° a' cnuasachadh mar a tha solas is dorchadas ag obair còmhla. Tha an obair seo ag èirigh às an eòlas a th' agam fhìn air Bròn a' Gheamhraidh: an t-ìsleachadh-inntinn a tha cuid a' fulang air sgàth dìth solas an latha anns na mìosan dorcha. Ann a bhith ag ullachadh na h-obrach, ghabh mi thugam fhìn uinneag an t-seòmair-shuidhe a dhubhadh às greiseag ann an teis-meadhan a' gheamhraidh gus an deigheadh agam air uile-dhorchadas fhaireachdainn. Bha na h-altan teangach is claiseach ann an clàran fiodha an làir fìor fhreagarrach gus an solas a dhùnadh a-mach. Chaidh am fiodh fhèin an uair sin ath-chuairteachadh le bhith ga chur gu feum san obair chrìochnaichte.

Tha cruthan is stuthan air an cur còmhla gus cur an cèill mar a tha solas is dorchadas a' tarraing 's a' brùthadh a chèile. Chaidh foidhl almain, teàrr-anairt dubh agus cèir pholastaidhrean a thaghadh airson nam buadhan fradharcach aca, eadar a bhith a' tilgeil faileas, a' sùthadh an t-solais no a bhith trìd-shoillear. Tha an ceàrn de 23.5° a' dèanamh dà rud: tha e a' ceangal nan diofar chruthan ri chèile; agus gan dì-stèidheachadh. 'S e 23.5° an ceàrn aig a bheil an saoghal ag aomadh air ais. 'S e sin, an co-cheangail ri cuairt bhliadhnail na cruinne mun ghrèin, a tha ag adhbharachadh gu bheil caochlaideachd ann an fad solas an latha feadh ràithean na bliadhna. Tha na cearcaill uile sia troighean tarsaing (air an tomhas a rèir meud mo chuirp fhìn). 'S e cruth diombuan, neo-mhaireannach a tha sa gheinn. Fhuair e a chumadh bho na h-atharrachaidhean san adhar (dha nach lèir sinn, cha mhòr) aig àm èirigh is dol fodha na grèine aig oir uinneig fhosgailte. Tha an còmhdach faileasach, ruadh a' samhlachadh soillse solais na sràide air an oidhche, is an àrainn thèarainte, aoigheil a tha iad a' cruthachadh.

Ged a tha coltas air an obair gun deach a dealbh gu cùramach, cinnteach, 's ann an ìre mhath le tuiteamas a chaidh a cur ri chèile. Chithear seo san dòigh thuairmeasach sa bheil na bùird air an cur còmhla, agus mar a tha na sgrìùbhaichean air am fàgail sgapte. Tha an 'dìth fiosrachaidh' seo na nì gnàthasach nam obair-sa. Tha a bhith a' dèanamh rudan sa bhad no gan dèanamh a-rithist 's a-rithist - dubhadh às uinneag le fiodh, mar eisimpleir - mar mheadhan air smachd a lasachadh agus inntinn rianail a mhùchadh. Cuirear loinn air pìos ealain le bhith ga chumadh is ga shn-aigheadh. Mar sin dheth, cha deach dha na cruthan seo de dh'obair làimhe ach na bheireadh lùths is spionnadh dhaibh.

Faodar coimhead ris an obair mar rud a tha a' mìneachadh nan ceanglaichean eadar tinneas Bròn a' Gheamhraidh (is an t-eòlas a th' agamsa air a sin), geoimeatraidh cruthaichte nan àiteachan còmhnaidh againn agus an Crios-grèine san fharsaingeachd le chuid ruitheaman. Tha cruthan eadar-cheangailte 23.5° a' toirt oirnn a bhith ag amharc orra air dhòigh 's gu bheilear a' faireachdainn nithean a tha calg-dìreach an aghaidh a chèile a' dèanamh bragadaich de chòmhradh ri chèile. Tha èifeachd na h-obrach an crochadh air an t-solas iom-chuairteach; tha àrainn ga cruthachadh leis a tha ceithir thimcheall is leantainneach.